

# Tuath

Is treasa tuath na tighearna

Tuath Àireamh 5, 2021

## Beannachd na Banachdaich

Ùrnaigh Àm a' Chàrghais 2021

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Ar n-anam a tha an cunnart  
Gun neartaichear ar n-anail;  
Thigeadh ar n-àm ri teachd,  
Dèanar fath ar beatha air an talamh  
Is cheadaichear 'n ùine gheallaichte dhuinn.  
Tabhair dhuinn ar banachdach tràth  
Agus maith dhuinn ar miù-fhoighidinn,  
Eadhon a dh'aidicreas sinne feum as mothà aig càch.  
Agus na leig ann an eu-dòchas sinn,  
Ach dion sinn o bhìoras a' chrùin,  
Fhad 's a dh'fheitheas sinn uile fhathast.  
Oir anns an saidheans ar n-earb,  
Is anns ar co-obrachadh 's co-fhaireachdainn.  
Tabhair dhuinn dlùths is tlùs  
As dèidh astar, àmhghar 's oillt.  
Is bithear Gràs, Slàinte,  
Is Beatha dhuinn uile,  
Agus Taing.  
Amen.

## The Vaccine's Benediction

A Lenten Prayer 2021

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Our soul that art in peril  
Strengthened be thy breath;  
Our future come,  
Our purpose on earth be accomplished  
And our full allotted span be to us allowed.  
Grant us our early vaccination  
And forgive us our impatience,  
Even as we confess the greater need of others.  
And let us not fall into despair,  
But deliver us from coronavirus,  
For as long as we all must still wait.  
For in science we trust,  
In our cooperation and human compassion.  
Grant us closeness and affection  
After distance, torment and anguish  
And may we all yet know  
Health, Grace, and Life,  
And Thanks.  
Amen.

26 Gearran 2021

## A' cheist agam - sa chànan eile

Mar chuimhne air Sarah Everard

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Fear = eagal, + man = fear.  
An-diugh 's an-dè; 's nach firinn, agus näire.

Fòir = help, + neart = strength  
..... ach còmhla, fòirneart = violence.  
Dè an donas, agus ciamar san t-saoghal?!

Sarah – bean uasal aoibhneach, agus sinne  
a' caoineadh do bheatha òig ghealltanach.  
Everard – le tapachd fiadh-thuirc: dleastanas sàbaid oirnn uile,  
a mhnathan, airson do chuimhne is do chòirichean

Gheibh thu fòir bhuanne;  
Gheibh sinne neart bhuat,  
Sarah againn.

Gheibh gach fear nach seas còmhla rinn  
tàmailt agus dìteadh,  
oir seasaidh a thost airson fòirneirt  
gus an tèid an cruinne-cè na smàl.

Ach deàrrsaidh an lòchran agamsa  
air do shonsa a-nochd,  
air latha do Dheasghabhal anabaich:  
Sarah, cha deach do smàladh.

## My question – in the other language

In memory of Sarah Everard

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Fear = eagal, + man = fear.  
Today as yesterday; and is it not truth, and disgrace.

Fòir = help, + neart = strength  
..... but together, fòirneart = violence.  
What the hell, and how on earth?!

Sarah – delightful, noble woman: we mourn  
the promise of your young life.  
Everard – with the courage of a wild boar: duty upon us all to fight,  
We women, for your memory and rights.

We will provide you help;  
You will provide us strength,  
Our Sarah.

Every man who fails to stand with us  
earns shame and condemnation,  
For his silence stands with violence  
Until the universe is snuffed out.

But my torch will shine  
Bright for you tonight  
On your premature Ascension Day:  
Sarah, thou art not snuffed out.

13 Màrt 2021

## Cainnt na Creige

ALASDAIR CAIMBEUL

A' cur cùl ri aithghearrachd ar linne  
A' cur air dhìochuimhne faoineas, fulangas is fòirneart  
Air chuairt eadar Loch Langaig is Loch Hàscò  
Eadar Na Bideanan Geala is Na Cnocan Dubha  
Air Leathad na Caillich

Air tilleadh gu daingneach ar dùthchais rè tiota  
Balbhachd an àile: naomh agus nàdarra  
Gar ceangal nar còmhlan, cho seasmhach ri Grianan nam Maighdeann  
Cainnt na creige air ar feadh  
Snaighe air an t-sliabh

Na freagair i, na clàr i, direach èist rithe  
Agus gabh ceum

Chithear aonarain nan dròbhan shòis  
Gun stiùir, gun treòir air faontradh gu fior.

A' gearradh tro speuran gruamach, glas  
Thar mara de dh'aodainn choma, chas;  
'S iad a' sireadh co-chomann a' ghaoil  
Ann am baile mòr an t-saoghail.

Am measg an t-sluagh dhlùth-dhùmhail  
Tha bodach beag na mall-shùla,  
Le còta donn's ad air a cheann  
A' breith air làimh a leannain ann.

'S ann an sin a thàinig mi gu ìre, nam allabanach gun iùl rùnaich.  
Air sgèith a-rithist a' siubhal, a' lorg creag an cuan sìor mhùthaidh.

Thar choilltean biorach uaine is bheanntan corrach àrda  
Gu dùthaich nam fear treuna a sheasadh ri gach gàbhadh.

Dùthchas nan Leathannach, siol dileas na h-Alba;  
Eilean nan iasgairean, nam bailtean trèigte balbha.

Eòghainn a' Chinn Bhig is Ailean nan Sop  
Gun urram no eagal romhpa, a' cagar fon chop.

Eilean m' òige, nam eilthireach a' tilleadh ann  
Eilean nam mòr-ghleann a bheireadh brìgh dham rann.

Gun tràcair tha iolaire aig astar os mo chionn,  
Gun sùim air an fhaoilinn cailte eadar dà lionn.

Ga fhàgail, nam steall bras thar sàl na mara  
Suas caolas far am bu dual long-ràmhach an daraich.

'S ann à sin a thàinig mi gu tìr thorrach nan eun dàna,  
Gu rubha nan ceud òran, gu rubha nan ceud faire.

'S ann mu chladach cruidh nan Corra-ghritheach  
A laigh mo shùil air cuspair ro sgiamhach  
A dh'fhàg mi nam thàmh is air thuaiream  
Ag òl mo leòr à bun-allt nam fuaran.

Air uspaig chiùil is cainnt gheanail a' chridhe  
Dh'fhalbhainn thar chaolais a shanas rithe  
Aon phòg bho a beul no facial còir  
Cha robh san àile a chumainn bhon tòir.

Am fianais dhaingnich throm bhaidealaich  
Ceum bragaile, bras ri leòm-spaidseachd  
Le geàrr-leum suas a' sgoltadh speuran  
A' cur astar eadar mi fhìn is an clamhan, mo lèireadh.

'S ann an sin a chaidh gealach-ghaoil is grian-cheist nan aonadh  
Geilt mo chridhe is buan-mhaise an t-saoghail mu dheireadh fo aonta.

Boillsgeadh uaine air muir ghorm-ghlas  
Stuaghan, nan leumadairean a' dol seachad nam fras.

Craobhan nan caismeachd bhagaideach, bhaganta, dhàn  
Mar bhrat ioma-fhreumhach is am miann a bhith slàn.

Fa chomhair na linne drithleannaich  
Rè na ràithe torraich, smeuranaich  
Bha caorann lasrach ar gaoil fo bhilàth  
Dearg agus dian anns gach tràth.

Eadar muir is fonn lorgadh gràdh  
Acarsaid a nì dòn oirnn bho chràdh:  
Gaoth rapach a dh'èireas air feadh firinn is bhreug  
A sgiùrsas am fearann, gach allt agus leathad.

Dùbhlach, is neo-ghealtach thog sinn àl bho ar cridhe  
Foghainteach ar n-oidhisp air oir cuan nan deur.

## Beinn Eadarra

ALASDAIR CAIMBEUL

A Cheòlraidih chreagach, ghuaineach  
Triallaidd mi bho bhàrr do ghuailne,  
Mar fhaoilinn na linne sgaoilte  
Beiridh mi air feadh na gaoithe.

Shios ri taobh na mara  
Dòrnagan ri suail a' chala:  
Brògaig, A' Ghais Pheighinn, An Dìg  
Mol daonna eadar tuinn is tìr.

Bhoiltir, An Crògan, Grianan  
Cuithraing a' sineadh fhreumhan;  
Àrsaiddh 's uaignidh is i nar bruadar  
'S i buachaille gaoil is fuatha dhuinn.

'S ann à sin a thàinig m' iteagan, mo chòta coimheach, sliom  
Sgiathan a shiùbhlas thar eadraiginn, thar chladaichean gu Dubh Àird tim'.

Mu dheas an dùthaich na h-iolaire chithear aogas an t-saoidh  
Air slèibhteal na Beinn Shianta 's murchain na h-Àird ga chaoidh.

Feannagan dubha a' rannsachadh na rainich ruaidh gu mall,  
A' tomhas cruth na tire mu chladach Rubha nan Gall.

Air spiris os cionn a' bhàigh, ann am baile tuath na Dreòlainn,  
Sùil ris an tobar, 's fior-uisce an naoimh ri òl ann.

Uair is uair tha pòr ann a chasgadh saorsa is ceòl ann,  
A dhèanadh tàir air ruidhle na fiughair, air gach smaoin a thig fo sheòl.

Searrag Mhoire 's i meirgeach, a h-adhradh am beul na mairbhe,  
Boinne shoilleir lainnireach a' sileadh far oir na foirfeachd.

Taighean dathte, maiseach, grinn mar bhogha-frois daingeann crèadha,  
A' cuairteachadh nam bruadar gu tric a tha buaireadh sìthe.  
'S ann an sin a fhuair mi treòrachadh, m' ionnsachadh bòidheach òg,  
Eòlas air a' ghàire, agus eòlas air a' phòig.

Gaoth fhionnar bhon iar-thuath  
Gam iomairt thar nam fuar-bheann,  
Sùil is dùil ris na h-àirdean  
A' cur cùl ri dlùth chàirdean.

Gu deas, gu deas, gu deas nam dheann  
Air tòir oilean eirmseach nan sonn.  
Thig eòlas bho shaothair eagnaidh, għleust',  
A bheir tuigse dhuinn às aonais lèirs.

Os cionn nan sràidean cumhang, lom  
'S an ceò ag èirigh gu mùgach fann,

Dòchasach, glan, neo-theagmhach falbhaidh iad air sgèith  
Air turas na faoilinn thar linntean air tòir cala rèidh.

Air faire, tha tìm na grèin eadar ciaradh is camhanach  
Ar cuairt fo a solas a' bristeadh chriochan neo-mhaireannach.

Air spiurachas, air bhàrr Beinn Eadarra  
Nì sinn ùrnaigh an ainm ar co-chreutairean.  
Gu slàn, sòlasach gum falbh gach eun  
Air turas soirbh air feadh cruinne neo-chròn.

A' tilleadh gu làrach uaignidh mo chiad shìl  
Crom fo ùmhlaichd is eòlas is diòl  
Oiteag neo-thalmhaidh air feadh m' iteagan  
Gathan na grèine le ceist anns gach drithleann.

Èiridh mi bho bhàrr na tobhta  
A' fágail clach, is fiadh is sgrathan lobhta.  
Cha dèan mi faoighe tuilleadh air an starsaich,  
Nì mi siubhal, ach cuimhnichidh mi air a maiseachd.  
A Cheòlraídh chreagach, ghuaineach  
Triallaidh mi bho bhàrr do ghuailne,  
Mar fhaoilinn na linne sgaoilte  
Beiridh mi air fead na gaoithe.

## Slànachadh

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Na ith am fòn-làimh',  
nighean òg nan dian-dheur  
tighinn tarsainn.

Tha sruth na tùrsa  
na phollaig ro dhomhain son plubail  
tha dubh do fhrasan troimhe is air fheadh gun iochd.

Ach seal,  
tog d' amharc cràidh teach suas  
oir tha i dlùth – do gheug air craobh nan ubhal  
a measan rèidh airson am buain 's an carachadh am beul.

Aig caitean aon dhiubh blaisear mathanas do mhàthar  
on tè ri taobh tuigs' air dearmad leisg do bhràmair  
's san fheòil aig grunn tha taisgt' ann lùths làn tròcair  
sa chagnadh fhallain 's san taisbeanadh air fàs.

Na ith am fòn tha siud –cha mhath dhut.  
Na sluig na nach gabh slugadh.  
Na caoidh na nach gabh caoidh.

Nach bog thu d' aodann truailte ann am cuman bùirn  
mun cruinnichear an toradh ann an aparan ùr?

## Ciad Cheumannan Fo Ghais

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Mar Latha Nollaig' tiambaidh  
gun an tinsel 's an tramasgal,  
is gur e h-e cur obann, trom, sneachda  
a tha ri neartachadh na sàmhchair àraig  
eadar gach dithis a ghéill ris na riaghailtean –  
a th' air an aona chuairt cheadaichte an-diugh.

Sgreuch cha chluinnear bhon chloinn,  
cha tilg duine ball gu cù gun chomhairt,  
cumaidh sùilean an t-astar a tha sàbhailte  
nan tomhas 's nan ath-thomhas: casad? fiabhras? casad?  
- masgaichean am follais: gheibh iad cuidhteas beul is sròn.

Agus 's ann a-mhàin air riatanas a tha cead nam bùithean – is cion ga thaisbeanadh tric air an sgeilpichean. 'Dà rud an urra is seachnar clisg-cheannach. Dà rud an urra is seachnar clisg-cheannach' an rabhadh lom gun fhiaradh bho ghuth-falbhain dian; ach aocoltach ris an Nollaig chan fheum dùil a bhith ri teachd is tobhartasan nan Trì Rìghrean an ceann dusan oidhche is cha mhotha na sin a bheir an doras mòr fo gheàrd cothrom teichidh dhuinn on fhilm iomagaineach seo 's a-mach gar n-àbhaist gun sùim.

First Locked Steps

Like a macabre Christmas Day  
without the tat and tinsel intrusion,  
and as if a sudden, heavy, snow-fall  
were amplifying the strange quietness  
of each brace of compliants  
taking their one permitted constitutional.

No screams from the kids,  
no one throws a ball to a bark-less dog,  
eyes maintaining a safe distance,  
assessing, re-assessing: cough? fever? cough?  
Masks to the fore: they erase mouth and nose.

And shopping is for essentials only – of which  
the shelves are soon bereft. 'Two units  
per person avoids panic buying. Two units  
per person avoids panic-buying' the stark disembodied loop continuously warns,  
but unlike at Christmas there is now no guaranteed twelfth-night epiphany  
nor does the large guarded exit  
deliver us from this anxious movie back to a careless normality.

## Aonghas-Phàdraig Caimbeul / Angus Peter Campbell

\*\*

Tha mi sgrìobhadh  
ann an inc do-fhaicsinneach na Gàidhlig  
le sgàthan air a' bhalla  
ga leughadh an taobh eile.

I write  
in the invisible ink of Gaelic  
with this mirror on the wall  
reading it backwards.

\*\*

An dòigh 's a chuireadh tu d'uillinn air a' bhòrd,  
a' lùbadh a-null am ionnsaigh  
mar gun robh mo làthaireachd  
nas blasta na na bobhlaichean spòsach  
a bha air ar beulaibh,  
a dh'fhàg sinn falamh  
aig deireadh na diathad.

The way you'd put your elbow on the table,  
leaning over towards me  
as if my presence  
was tastier than the spice bowls  
in front of us,  
which we left empty  
at the end of the meal.

\*\*

Fhios againn a-nist  
gur e direach Iain Mòr a bh' ann,  
siota geal mu cheann, a' cur an eagail oirnn,  
agus fhios againn cuideachd  
gu bheil a' ghrian dol timcheall na talmhainn  
's gu bheil na sìthichean a' dannsa ann an sgàthan,  
mar nach robh fhios againn air sòn ro chraobh an eòlais.

Now we know  
that it was just Big John  
with a white sheet over his head frightening us  
and we also know  
that the sun goes round the earth  
and that the fairies dance in the mirror,  
as if we didn't know anything before the tree of knowledge.

\*\*

An dòigh a cheangail thu do chòta  
mar gum b' urrainn dhut, aig diog sam bith,  
fhuasgladh a cheart cho dòigheil.

The way you buckled your coat  
as if you could, at any moment,  
unbuckle it when the sun was hot.

\*\*

Cha do dh' aithnich mi do ghaol gus an duirt thu  
'Thig a-staigh on uisge.'  
Bha i air sileadh fad an là:  
sguabdh a nuas on iar-thuath,  
tighinn na chnapan tuilteach,  
's chaidh mo għlacadħ ann  
ged a chuala mi am forecast is a dh'aindeoin mo dheagh bhrògan  
agus, a' gabħail fasgħadha fon chraoibh,  
chuala mi do ghuth sa għaoith  
'Thig a-staigh on uisge.  
Siuthad, Aongħais. Thig a-staigh, a-mach às an stoirm.'

I only recognised you loved me when you said,  
'Come in out of the rain.'  
It had poured all day long;  
sweeping in from the north-west,  
carried in lumps and gusts,  
and I was caught in it  
despite knowing the forecast and wearing my fine brogues  
and there, sheltering behind the tree,  
I heard you call through the wind  
'Come in out of the rain.  
Here, Angus. Come in, out of the storm.'

\*\*

Chan eil sòn air fhàgail  
san t-saoghal  
ach thusa is canach an t-slèibh'.

There's nothing left  
in the world  
but you and the bog-cotton.

\*\*

An dòigh sa bheil a' ghrian  
a' soillseachadh tron dubhar,  
a għräidh .

The way the winter sun  
shines through the darkness,  
my love

\*\*

Be tusa an aon tè  
air am biodh miotagan, samhradh is għamhradh.  
An għamhradh a b' flèarr,  
an dòigh a thug thu dhìot iad  
aig toiseach a' chlas  
agus a chionn 's gun robh do làmhan fhathast fuar  
mar a chuireadh tu iad air an teasadair faisg orm  
agus as t-samhradh  
an fheadhainn mhìn lìn ud  
a rūisgeadh tu dhìot gu cùramach  
mar gun sgriosadħ aon ghluasad cabħagħach  
a h-uile nì bha cumail na cruinne ri chèile.

You were the only one  
who wore gloves, summer and winter.  
Winter was best,  
the way you removed them  
at the start of the class  
and because you're hands were still cold  
held them over the radiator next to where I sat,  
and in the summer term  
those delicate lace ones  
which you peeled off ever so carefully  
as if one hurried move would destroy  
everything that sustained the whole universe.

## Chualas do ghuth sa bhalbhachd

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Tha mi a' toirt cudail dhomh fhìn, bhuam fhìn,  
air sàillibh's gu bheil cloc na beatha-air-leth  
a' sìor dhol air aghaidh agus air ais  
gun abhsadh is gun iochd.

Tha mi a' toirt cudail dhomh fhìn, bhuam fhìn,  
air sàillibh's nach eil duine eile deònach cudail a thoirt dhomh  
is càraichean na beatha-air-leth a' sgreuchail  
suas is sìos air giòdharaichean mo chuid bhliadhnaichean.

Tha mi a' toirt cudail dhomh fhìn, bhuam fhìn,  
air sàillibh's gur e an t-earrach an geamhradh  
is mise ri sleamhnadh, 'n comhair mo chinn chun an latha as giorra.

Tha mi a' toirt cudail dhomh fhìn, bhuam fhìn,  
air sàillibh's gu bheil mo mhàthair a' diùltadh tadhal orm  
tha i a' cumail air astar sàbhailte ann an cladh gun Chovid 19.

Tha mi a' toirt cudail dhomh fhìn, bhuam fhìn,  
air sàillibh's nach mi a th' annam tuilleadh  
's mise an tèile a tha a' faighneachd dhòiom-sa  
am bu thoigh leam cudail.

Tha mi a' toirt cudail dhomh fhìn, bhuam fhìn,  
air sàillibh's gu bheil balt brèagha air an latha a-muigh  
is an saoghal a-staigh nas duirche na bha e riamh reimhid.

## Your voice was heard in the muted silence

MARTIN MACINTYRE

I'm giving myself a cuddle from me  
because the clock of self-isolation ticks forwards  
and backwards inexorably and indiscriminately.

I'm giving myself a cuddle from me  
because no-one else is willing to give me a cuddle  
and the cars of self-isolation screech up and down on the gears of years.

I'm giving myself a cuddle from me  
because Spring is Winter  
and I'm falling heart-first towards the shortest day.

I'm giving myself a cuddle from me  
because my mother refuses to visit me  
she is socially-distancing in the safety of a Covid-free cemetery.

I'm giving myself a cuddle from me  
because I am no longer me.  
I am the other person asking me if I'd like a cuddle.

I'm giving myself a cuddle from me  
because there's beautiful daylight out now;  
and much darker inside than it's ever been.

## Healing

MARTIN MACINTYRE

Don't eat your phone  
young woman of incessant tears  
approaching.

The stream of hurt  
is a pool too deep to splash in  
the black of your eye-lashes streaks through it and is of it without care.

Rather, look,  
raise your aching gaze a little  
for it is near – your branch on the tree of apples  
with fruit ready to be plucked and moved within a mouth.

Your mother's forgiveness can be savoured at the core of one  
another understands your boyfriend's loose neglect  
while the flesh of many contains energetic compassion  
in the healthy crunch and in their testament to growth.

Don't eat that cruel phone  
nor swallow what can't be swallowed,  
nor grieve what can't be grieved.

Won't you bathe your blemished face in a pail of water  
then gather all the produce in a pristine pouch?

## Pluto

(An dèidh Masadonais Katica Kulavkova)

PÀDRAIG MACAOIDH

Seo mi, ma tha sibh gam aithneachadh, neo fiù 's mura h-eil,  
a' coimhead oirbh bho oir an rian-ghrèine,  
mar gum b'e aonaran a bh' annam  
a' fuireach a-muigh rathad na mòintich  
le proisbaig aig gach uinneag.  
Canaidh sibh gu bheil mi 'iomallach'  
ach tha mi an teas-meadhan na neonitheachd agam fhìn,

Seo mi, cho ifrinneach 's a shaoileadh tu:  
le mo bheanntan 's mo raointean reòthte  
's mo bhrat meatain, naidhtreoidsean 's CO<sub>2</sub>.  
Tha mi cho puinnseanta ri là samhraidh ann an Nis.  
Cha tig ur solas faisg orm, 's co-dhiù aon chas agam  
ann an dorchadas bith-bhuanta.

Tha mi ag ràdh 'bith-bhuanta' ach  
Fad' on robh mi a' tuigsinn tide idir,  
agus e air tighinn a-steach orm nach eil  
mathaid cudromach ann an dòigh sam bith.  
Tha mi nas tana na na Stàitean Aonaichte  
ach tha còig gealaichean agam 's mi ag iarraidh tuilleadh baby.  
Tha mi a' gabhail suil air croit Aonghas Phrionns'.

Seo mi, a' seinn 'Teann a-nall 's thoir dhomh do làmh'  
ann an oisean taigh-seinnse àiteigin ann an Glaschu  
ach ged a bha mi riamh coimhead orm fhìn mar mheall den òr  
chan eil duine a' toirt sùim dhomh.  
O tha buannachdan ann a bhith neo-aithnichte,  
a bhith beò air crioch eadar dà ughdarris.  
Aig a' ghairm mu dheireadh thig mi sgriob leam fhìn.

## **ceasnachadh na gaoithe**

IAIN S. MAC A' PHEARSAIN

ann an Sardinia  
tha iad a' ceasnachadh  
na gaoithe  
  
cò às a tha i?  
an e maestrale a th' ann?  
No tè à Afraga mu thuath?  
  
's mar na gaoithean caochlaideach ud  
ge b' e dè an àirde às an tig iad  
shèid thu orm  
  
a-mach às a' *Mhidi*  
mar *mhistral*  
mar *sirocco* chèin

gam fhàgail, an dà chuid,  
cho soilleir, ciùn  
ri grunnd *mhare nostrum*

's gam losgadh  
mar iobairt bhuan  
na feòla beò

## **questioning the wind**

IAIN S. MAC A' PHEARSAIN

in Sardinia  
they interrogate  
the wind

where's it from?  
is it a *maestrale*?  
or a North African one?

and like those capricious winds  
regardless of the point from which they come  
you blew over me

from out of Midi  
like a mistral  
like a distant sirocco

leaving me, both,  
as bright, becalmed  
as the bottom of *mare nostrum*

and burning me  
like the endless sacrifice  
of living flesh

## **Mostra di Su Benatzu**

*dàn bho Shardinia*

IAIN S. MAC A' PHEARSAIN

seann togalach cloiche  
a chaidh na ablach  
o chionn linn crochadh nan con  
gealltainn taisbeanadh  
de dh'antropeòlas dùthchail  
ann an dùthchaich na gaoithe  
's na gréine  
's nan daoine cho falaichte,  
fialaidh  
ris na Gàidheil

## **Mostra di Su Benatzu**

*poem from Sardinia*

IAIN S. MAC A' PHEARSAIN

an old stone building  
gone to ruin  
since the age of hanging dogs  
promising an exhibition  
of rural anthropology  
in the land of wind  
and sun  
and people as hidden,  
generous  
as the Gaels

## **seann chleòc**

IAIN S. MAC A' PHEARSAIN

's e seann chleòc  
a th' anns a' phian  
mhòir a shiùbhlas leinn  
bho chian nan cian  
  
briogais theann a chuireas  
a' chas bheag oirnn uile  
nuair a shioftas sinn  
gu togail oirnn, lath ' buidhe

's e searbh-lèine a th' ann  
gar tachdad bho chùl  
na h-amhaich' sìos gu  
bonn na broinn', tha mi an dùil

## **an old cloak**

IAIN S. MAC A' PHEARSAIN

ample pain is an  
old cloak that  
travels with us  
from ages gone  
  
tight trousers that  
hobble us all  
when we make  
to move on, some happy day  
  
it's a bitter-shirt  
choking us from the  
back of the neck down to the  
bottom of the belly, I expect

## **Dàin aig Àm a' Ghalair**

IAIN S. MAC A' PHEARSAIN

I  
  
Ceilearadh nan eun  
ro ghlasadh an latha  
mar chuimhne a làimh-se  
air a bogadh na do ghruaig  
mus dùisgeadh tu  
's do chadal-suain  
mar chlàr clearbach  
air a chluich uair is uair eile

*Birdsong*  
before grey dawn  
like a memory of her hand  
dipped in your hair  
before you'd wake  
and your laced-sleep  
like a ragged record  
played time and time again

*Le chant d'oiseaux*  
avant l'aube  
comme le souvenir de sa main à elle  
trempée dans tes cheveux  
avant que tu ne te réveille  
et ton sommeil enlacé  
comme un disque déchiqueté  
joué maintes et maintes fois

## II

Tha na h-eòin a' fàs nas bragaile  
a-muigh thar sràidean loma  
an ceilearadh a' dol gu èigh  
mar fhreagairt  
sàmhchair a' chinne-daonna  
nach eil tuilleadh ann

*The birds are growing cockier*  
outside over barren streets  
their warbling turning to a cry  
like an answer to  
the silence of humanity  
which is no longer there

*Les oiseaux deviennent plus culottés*  
dehors au-dessus des rues vides  
leur chant changeant en cri  
comme réponse  
au silence de l'humanité  
qui n'en est plus là

## III

An-diugh  
Didòmhnaich na Càisge Greugaich  
's gann gun cluinn thu idir iad  
còmhlan-ceilearaidh na maidne ceusta  
am falach bàrr chraobhan  
fad slighean falamh a' bhaille  
nach streap nighean no a bràthair  
glaist' a-staigh annta fhèin  
mar chreidmhich  
ron aiseirigh

*Today*  
*Greek Easter Sunday*  
you can barely hear them at all  
warbler-band of a crucified morning  
hiding atop trees  
down empty city paths  
that no girl or her brother climb  
locked inside themselves  
like believers  
before the resurrection

Aujourd’hui  
dimanche de Pâques grecques  
tu les entends à peine  
gang gazouillant d’un matin crucifié  
cachés aux cimes d’arbres  
le long des sentiers vides de la ville  
que ni fille ni son frère ne grimpe  
renfermés en eux-mêmes  
comme croyants  
avant la résurrection

## smodal bhreug

IAIN S. MAC A’ PHEARSAIN

Pàdraig Òg –  
coltas athar fhèin  
an tac an teine  
na eanchainn threun  
  
a’ tarraing asam  
mar bu nòs  
dha Mac ‘Ain Cholla  
am fear nach maireann fòs

‘S an toll ga lionadh  
beag air bheag  
le faclan biorach  
is smodal bhreug

gus am brist an latha,  
a-rithist  
‘s a-rithist  
‘s a-rithist

## a smattering of lies

IAIN S. MAC A’ PHEARSAIN

Young Patrick –  
the likeness of his very father  
beside the fire  
with his vibrant mind

taking the piss out of me  
as was wont to do  
Iain Colla’s son  
the still late one

and the hole fills itself  
little by little  
with cheeky words  
and a smattering of lies

till day breaks  
again  
and again  
and again

## Eagrasan/Ekphrases

CRÌSDEAN MACILLEBHÀIN

Mìorbhail èifeachdach an deilbh, chan e  
an com aig Crìost a th’ ann, is e cho cuimir,  
bàn, caoin-dhealbhaicht’ mar na h-ìomhaighean  
snaighe aig na Ròmanaich no na

Seann-Ghreugaich de lùth-chleasaichean no diathan.  
Chan e an iarmait os a chionn, glainne  
na guirm’ ud, no neo-chuideamachd nan neul,  
no ’m bachall òrdha an glac an naoimh Mànais,

no eadhon meur an teagmhache, a’ dearbhadh  
an leòin an slios a Shlànaigheir, is e  
a’ cur a làimh mu thimcheall caol-dùirn Thòmais,  
gus a bhrosnachadh no chasgadh - ach

an làmhd eile, nach do chleachd an t-abstol  
gus amharas a chur mu sgaoil, cuartaicht’  
le leus mar gum b’ ann tàrmach’ leatha fhèin,  
a dhubhas às cruth-tìr a’ Veneto.

### Cima da Conegliano ‘Incredulità di San Tommaso’

*The genuine miracle in the painting  
isn’t Christ’s torso, shapely, pale,  
delicately moulded like the carved images  
the Romans and the ancient Greeks*

*made of athletes or divinities.  
Not the firmament above, the purity  
of that blue, or the weightless clouds,  
not the gold crozier in St Magnus’s hand*

*or even the doubter’s finger, checking out  
the wound in his Saviour’s flank, while he  
puts one hand around Thomas’s wrist,  
encouraging, restraining him. No, it’s*

*the other hand, the one the apostle didn’t  
use to put his doubts to flight, surrounded  
by a light it seems to generate itself,  
blotting out the Veneto landscape.*

\*

Theireadh tu gun robh Teachdaireachd Moire  
na cuspair aig an dealbh, nan robh aingeal  
a’ nochadh ann, ‘s am boireannach na b’ òige. Dh’ionnsaich Vuillard mòran an sgoil Vermeer.

Ghlac e ìomhaigh a mhàthar tràth sa mhadainn,  
na h-èideadh oidhche. Cha do chuir i fhathast  
a falt an òrdugh, ‘s i gabhail a cofaidh  
le bainn’ à bobhl’ a thogas a dà làimh

cha mhòr gu bilean. Rinn i stad mar sin.  
An e cailis a th’ ann? Dè ’n t-sàcramaid  
bhalbh a tha i coileanadh, a’ tairgse  
ùmhlaichd tostaich do ghathan na gréine

diblidh ga ruighinn tro uinneig nach fhaicear?  
Bheil i ’g èisteachd ri teachdaireachd gun fheum  
air faclan, nach iarr pongalachd no aingeal,  
no cùl-fraoin eil’ ach oibseactan gach latha?

Édouard Vuillard ‘Sa mère avec le bol du café dans les mains’

You would say the Annunciation was  
the subject of the painting, if there was  
an angel, and if the woman was younger.  
Vuillard learnt a lot at Vermeer’s school.

He caught his mother early in the morning,  
still in her nightdress. She has not combed  
her hair yet, and is drinking her milky  
coffee from the bowl her two hands lift

not quite to her lips. She stopped like that.  
Could it be a chalice? What can be the dumb  
sacrament she celebrates, offering  
wordless adoration to the pallid sunbeams

reaching her through a window one cannot see?  
Could she be listening to a message  
that needs no words, no angel, no precision,  
no other background than everyday objects?

\*

Mar phort-adhair anabarrach trang  
le trafaig, uimhir a dh’itealain ann,  
a’ teàrnadh ‘s a’ fálbh uair eile, ‘s gun tāinig  
boile air na truaghain dam bu chòir

a h-uile riaghlaich, ‘s dh’fhàg iad an àiteachan -  
ach cha bhi feum aig sgiathan ainglean air  
stiùireadh no riaghlaich bho neach talmhaidh, is  
cumaidh Muire, ann an àird’ an speur,

grèim seasmhach air an naoidhean dhiadhaidh  
air cho claoont’ ‘s a bhios fiaradh an gluasaid.  
Ann an iochdar an deilbh, na h-anamannan  
gan spionnadha à lasraichean na h-ionnlaise,

cuirp de chuimireachd a stadas d’ anail  
mar ann an ionad-eacarsaich an t-saoghail  
ud thall a’ sealladh suas, an gàirdeanan  
sint’ a-mach ri làmhan aingeil chobhrach.

### Francesco Guarini ‘Madonna del Purgatorio’

*Like an unbelievably busy airport  
where so many flights are taking off  
and landing, that the wretched people whose  
job it is to keep this all in order*

*deserted their posts - but then, angels’ wings  
have no need of an earthling to direct  
them or to organise their movements, and  
Mary, where she is high in the sky,*

*keeps a firm grip on her divine child  
however sharp the angle they’re moving at.  
Down at the bottom of the painting, souls  
are being snatched from Purgatory’s flames;*

*bodies whose shapeliness takes your breath  
away, as if their place was in a gym  
somewhere in that other world, gaze upwards,  
reach out towards a rescuing angel’s hands.*

English translations by Shuggie McCall

# Rudan Do-chreidsinn a thachair

MAOILIOS CAIMBEUL

**B**HA DÙIL AGAM gun robh mi air an stòiridh innse nuair a thàinig an leabhar *Island Conversion* a-mach ann an 2011. Ann an sin bha mi ag aithris mar a thàinig mi gu bhith nam Chrìosdaidh. A-nis, do dhuine sam bith a tha air smaoineachadh mu Chrìosdaidheachd, bidh fios aca gur e creideamh a th' ann le stèidh os-nàdarra no ana-ghnàthach. Chan eil againn ach smaoineachadh air an aiseirigh. Ma tha an aiseirigh fior, tha Crìosdaidheachd fior. Sin aon de na h-adhbharan a tha daoine mar Richard Dawkins, Peter Atkins, Michael Shermer agus mòran eile cho mòr an aghaidh rud sam bith os-nàdarra. Tha iadsan a' creidsinn nach eil rudan a' tachairt a tha gu firinneach os-nàdarra. Chan eil ann an aithrisean mar sin ach mearachdan, mac-meanmna no fiù 's breugan. Ma tha rudan os-nàdarra fior tha e a' dèanamh milleadh air an tuigse a th' aca air an t-saoghal.

Tha sin a' tighinn bhon chreideamh nach eil nì sam bith ann ach rudan faicsinneach no rudan a ghabhas tomhas. Tha sinn beò ann an saoghal nàdarra, dùinte far nach urrainn dad bhon taobh 'a-muigh' an t-saoghal seo buaidh a thoirt

oirnn. Sin a bha mi fhìn a' creidsinn gus an robh mi còrr agus leth-cheud bliadhna a dh'aois.

Thachair an uair sin na rudan a tha mi ag innse mu dheidhinn anns an leabhar a dh'ainmich mi. Bha bata crochte ris a' bhalla agus thàinig e dhen tarraig grunn thursan gun duine faisg air. An rud a b' annasaiche's e gun robh e mar gum biodh e a' toirt teachdaireachd dhuinn airson na suidheachaidhean anns an robh sinn aig an àm. Thug na thachair leithid de bhuaidh orm agus gun robh mi a' faireachdann gum feumainn innse do dhaoine eile, oir nam shùilean-sa bha e a' dearbhadh gun robh na bha daoine mar Dawkins ag ràdh ceàrr.

Thachair rudan ann an 2012 a thug barrachd dearbhaidh practaigeach dhomh gun robh an creideamh adhbharach seo (materialism) ceàrr. 'S ann mar seo a thachair. Mar a dh'innis mi san leabhar, chuir mi bòrd beag san lobaidh airson na thachair leis a' bhata a chumail nam chuimhne agus airson urram a thoirt do Dhia air a shon. Air a' bhòrd bha coinneal, dealbh ìosa bho mharbhphaisg Thurin ann am frèam trom, calman geal agus iomhaigh den òigh Muire. Air an 28mh

latha den Chèitean bha mi a' coiseachd seachad air a' bhòrd nuair a thuit an dealbh de ìosa bhon bhòrd chun an làir. Cha robh adhbhar sam bith dhi tuiteam. Bha mi mu thrì troighean air falbh bhon bhòrd.

Mionaid às dèidh sin sheirm am fòn. B'e caraid dhomh a bh' ann leis an robh mi an dùil a dhol a Romània san t-Sultain airson bàrdachd a leughadh. Bhruiddhinn sinn air ais 's air adhart mu dheidhinn dè bhiodh sinn a' dèanamh. Cha do dh'innis mi dha gun do thuit an dealbh. Ach nuair a thàinig mi dhen fhòn shuidh mi fhìn agus Mairead agus ghabh sinn beachd air na thachair. Bha e na chlisgeadh mòr dhuinn gun do thuit an dealbh, gu h-àraidh dhomhsa. Nam biodh dad sam bith eile air tuiteam, cha bhiodh e cho dona. Ach dealbh ìosa! Bha teachdaireachd aig an dealbh dhuinn, ach dè? Cho-dhùin sinn anns a' mhionaid uarach sin nach deigheadh sinn a Romània. Bha mi air tiogaidean a' phléana a phàigheadh, ach a dh'aindeoin sin chuir sinn dheth an turas.

Bha e cho math gun do chuir. Cha robh Mairead air a bhith a' faireachdann gu math agus air an 28mh latha den Ogmhios fhuair i a-mach gun robh aillse stamaig oirre. Cha robh dòigh ann a b' urrainn dhuinn a dhol a Romània. Ach cha b'e sin deireadh sgeul na deilbh. Air a' 5mh latha den Iuchar agus i iomagaineach

mun naidheachd a fhuair bha i am beachd a dhol a cheannach thoiteanan ged nach robh i air smocadh airson bliadhnaichean mòra. Mar a bha i a' dol a-mach seachad air a' bhòrd, thuit an dealbh chun an làir. Ghabh i e mar rabhadh agus cha do cheannaich i toiteanan. Bha e cho math nach do cheannaich oir dh'fhoghlaim i nuair a fhuair i leigheas chemo gun tug e droch bhuaidh air a h-amhaich. Nam biodh i air a bhith a' smocadh bhiodh e air a bhith ceud uair na bu mhiosa.

Thuit an dealbh turas eile, a-rithist mar gum biodh i a' toirt rabhadh. (Ged nach b'e an dealbh fhèin ach an cuspair a thug oirre gluasad.) Air an 13mh latha den Dàmhair, agus i gu math lag bho bhuaidh a' chemo, chunnaic Mairead meacain lus a' chrom-chinn sa phreasa agus smaoinch i gun deigheadh i gan cur, mar a b' àbhaist dhi a bhith a' dèanamh aig an àm sin den bhliadhna. Mar a bha i gan toirt a-mach a' phreasa, thuit an dealbh. Dh'fhág i na meacain far an robh iad.

Gu fortanach dhise, bha an aillse aig a' chiad ire agus b' urrainn dhi opairèisean fhaighinn a thug air falbh an aillse agus tha i air a bhith ceart gu leòr bhon uair sin. Ach a h-uile uair a thèid mi seachad air a' bhòrd bidh e a' toirt nam chuimhne na nithean iongantach a thachair ann an 2012. Nithean do-chreidsinn, ach nithean gu fior a thachair. ■

## Blas

IAIN URCHARDAN

"Tad gus an cluinn thu seo!" ars' esan. "Eil fhios agad a' Hearach ud; a bhios a' magadh air na Leòdhasaich?"

"Cò fear dhiubh?" dh'fhaighnich ise, "Tha meur dheth annt' uile!"

"Fear nan eisirean. Ag obair a-mach à Crosbost."

"Ò, an damh sin!"

"Sin e: 'Nuair a chruthaicheadh an saoghal bha e uile math – gus an do rinneadh Leòdhlas!' Agus, 'Bidh Leòdhlas snog fhathast – nuair a bhios e deiseil!'"

"Chan eil bliam aig a' bhufalair!" għlamh i.

"Uel, tad ort. Dh'innis Seonaidh 'ain Rànaidh dhomh gun do ghabh e stròc!"

"Dè? Och... 'S e pian a th' ann, gun cheist. Ach cha lùiginn cron dha. Robh a' stròc dona?"

"Chaill e a neart sìos aon taobh 's thachair rudeigin dhan chainnt 's dha na facail aige.

"Ò, n' truaghan."

"Eil cuimhn' agad air Sarah Colwill?"

"Cò?"

"Sarah Colwill... a tè ud à Devon."

"Aig an tuathanas-èisg?"

"Chan ann! Bhon teilidh! Cuimhnich. Is a' ghabbh an stròc ud."

"Ò aidh. Bha sin neònach!"

"A' tòiseachadh air Beurla a bhruidhinn le blas Sìneach 's i cho Sasannach ri dannsa nan clag!"

"Na can rium gu bheil blas Sìneach air a chainnt-san a-nise cuideachd!" ars' ise a' gaireachdann.

"Nas fheàrr buileach. Chaidh e Leòdasach!"

"Ò thalla, a bhreugadair!" ars' ise.

"Tha mi 'g innse dhut! 'S chan e sin a-mhàin – chaidh e Rubhach!"

"Ò, thalla leat 's tu cho ràbhartach ri piullaidh!"

"N fhìrinn a th' agam," ars' esan. "Chan eist e ach ri Bonnie Large, Costello, agus Hoddan: no 'Hordan' mar a chanas e fhèin a-nis. Blas trom Rubhach a thàinig air a chainnt."

"Och nach ist thu! Tha thus' cho dona ris fhèin."

"Thuirt Seonnaidh 'ain Rànaidh riums' gun do bhruidhinn a' Hearach

air an nighean aige – Mairead Anna, an cleasaiche ann am Bannan – 's gun tuirt e: 'Tha Mòrad Òrna òrn am Bòrnan.'

"Ò, thalla!"

"Air mo mhionnan; agus: 'B' i turnag am peat' a b' fheàrr a thug mo mhàthAir 's m' athAir dhomh!"

"Thalla! Dùin do chab!"

"An fhìrinn a th' agam! 'S nuair a dhòirt nurs stuth bhon troilidh aice air an làr, dh'èigh e, 'A miadoil, na salaich an carburt! 'S dùùin an arras, air do chùlù.'

"Sin agad karma!"

"Chan e ma-thà. Ann am Pabail, 's e breitheanas a th' ac' air!" ■

'S ann à Muile a tha **Alasdair Caimbeul**

Caimbeul Caimbeul bho thùs, ach tha e a-nis a' fuireach ann an Sléite san Eilean Sgitheanach a bheil e ag obair aig Faclair na Gàidhlig mar fhlacladair. Ron sin bha e ag obair mar eadar-theangeir agus mar neach-naidheachd airson iomadh bliadhna.

'S ann bhon An Leth Mheadhanach an ceann a deas Uibhist a Deas a tha **Aonghas Phàdraig Caimbeul**.

Tha e air grunn leabhrachean fhoillseachadh, nam measg 'An Oidhche Mus Do Sheòl Sinn', 'Aibisidh' agus 'Memory and Straw' a ghleidh duaisean thaobh fiscean is bárdachd na h-Alba.

**Maoilios Caimbeul** Bàrd agus sgrìobhaiche às an Eilean Sgitheanach. An leabhar mu

dheireadh a thàinig bhuaithe 's e An Dà Anam / In Two Minds, conaltradh bàrdail Gàidhlig / Gaeilge air a cho-sgrìobhadh le Diarmuid Johnson.

**Chaidh Sandraidh NicDhòmhnaill Jones** ainmeachadh mar Bhàrd a' Chomuinn Gàidhealaich 2019 - 202. Nochdaidh an cruinneachadh bàrdachd agus òran ùr aice 'An Seachdamh Tonn' san Earrach 2021. Chaidh a' chìad leabhar aice 'Crotal Ruadh' fhoillseachadh le Acair ann an 2016.

**Màrtainn Mac an t-Saoir** Rugadh Màrtainn Mac an t-Saoir ann an 1965 agus thogadh ann an Lèanaidh e. Tha Ath-Aithne, Gymnippers Diciadain, An Latha As Fhaide, Dannsam led Fhaileas, A' Challaig, Seo Challò, Cala Bendita 's a Bheannachda, Tuath Air

A' Bhealach agus Samhradh '78 am measg nan leabhar a thug e a-mach.

'S ann à Leòdasach a tha **Pàdraig MacAoidh**, agus tha e a' fuireach ann an Dun Èideann. Nochd an darna leabhar aige, Nàdur De, an-uiridh le Acair. Bidh leabhar ùr leis, This Strange Loneliness: Heaney's Wordsworth, a' nochdadh a dh'aithghearr, le McGill-Queen's University Press.

Rugadh is thogadh **Iain S. Mac a' Phearsain** air prèiridh Chanada ann an teaghlaich de luchd-obrach dùthchail a bhuineas dha ìle, dha Muile 's dhan Eilean Sgitheanach. Eadar Alba is Èirinn a Tuath tha e air a bhith na òraidiche is na rannsacha oilthighe airson còrr math is fichead bliadhna. A thuilleadh air sin, tha e

air a bhith an sàs gu proifeasanta ann an sgrìobhadh, eadar-theangachadh, craoladh is obair fhilmichean bho land e anns an t-seann dùthachd ann an 1996.

Rugadh **Iain Urchardan** ann an 1966. 'S e Hearach a th' ann agus b' i a' Ghàidhlig a' chìad chànan a bh' aige. Sa bhun-sgoil sgrìobhadh e sgeulachdan Gàidhlig a dh'aithriseadh e aig na Mòðan. Sna 1990n sgrìobh e briathran airson corra òran roc Gàidhlig. Cheummaich Iain à Oïlthigh Obar Dheathain ann an 1996. Bhon uair sin gu 2014 bha e na Mhinistear ann an Eaglais na h-Alba is rè na h-ama sin dh'eadar-theangaich e tòrr sgrìobhainnean à Beurla dhan Ghàidhlig. Thòisich e a' dèanamh sgrìobhadh cruthachail gu cunbalach ann an 2012. Chaidh a'

chìad chruinneachadh de sgeulachdan goirid aige, 'Breab Breab Breab,' a chur ann clò ann an 2017 's an dàrna fear, 'Air an Oir' ann an 2020. Ann an 2019 choisinn e Duais Dhòmhnaill Meek airson a' chìad chruinneachadh de bhàrdachd aige, 'Turas.' An-diugh tha e na òraidiche aig Sabhal Mòr Ostaig.

**Christopher Whyte / Crisdean MacIlleBhain**'s seventh collection Leanabachd a' Cho-ghleusaiche was published by Clàr in 2020. An eighth collection with facing translations, Mo Shearmon / The Things I Have to Say is in preparation. He has translated a range of poets, including Marina Tsvetaeva and Rainer Maria Rilke, into both English and Gaelic. His fifth novel will be published this autumn by Cloud Machineries Press.